



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

COMATAIDH NA GÀIDHLIG: BÒRD NA GÀIDHLIG STRATEGIC STREAM FUNDING

29 APRIL 2025

Report By Chief Executive

PURPOSE

- 1.1 The purpose of this Report is to provide information regarding funding Comhairle nan Eilean Siar has received from Bòrd na Gàidhlig's Strategic Stream Fund.

EXECUTIVE SUMMARY

- 2.1 Comhairle nan Eilean Siar was one of six local authority areas invited by Bòrd na Gàidhlig to submit an application to its Strategic Stream fund on the basis of three-year funding, to 1 November 2027, for the delivery of Gaelic development projects in these local authority areas. It was intended that these projects would assist in the implementation of the National Gaelic Language Plan and the local authorities' own Gaelic Language Plans.

- 2.2 The Comhairle was awarded a total of £157,500 over three years for the delivery of two projects, as follows:

- Establishment of a Gaelic Community Officer post (0.4fte): £120,000
- The Gaelic Student Placement Scheme: £37,500

These projects are discussed in greater detail at 6.1 and 6.2 of this Report.

3.1 RECOMMENDATIONS

It is recommended that the Comhairle note the content of this Report.

COMATAIDH NA GÀIDHLIG: MAOINEACHADH SRUTH RO-INNLEACHDAIL BÒRD NA GÀIDHLIG

29 GIBLEAN 2025

Aithisg leis an Àrd-oifigear

ADHBHAR

- 1.1 'S e adhbhar na h-Aithisg seo fiosrachadh a thoirt seachad air maoineachadh a tha Comhairle nan Eilean Siar air fhaighinn bho mhaoin Sruth Ro-innleachdail Bòrd na Gàidhlig.

GEÀRR-CHUNNTAS

- 2.1 Bha Comhairle nan Eilean Siar am measg sia ùghdarrasan ionadail a fhuair cuireadh bho Bhòrd na Gàidhlig iarrtas a chur a-steach don mhaoin Sruth Ro-innleachdail aca airson maoineachadh, gu 1 Samhain 2027, gus pròiseactan leasachaidh Gàidhlig a libhrigeadh sna sgìrean ùghdarrais ionadail seo. Bhathas an dùil gum biodh na pròiseactan seo a' cuideachadh ann a bhith a' buileachadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus Planaichean Cànain Gàidhlig nan ùghdarrasan fhèin.

- 2.2 Fhuair a' Chomhairle £157,500 gu lèir, thairis air trì bliadhna, airson libhrigeadh dà phròiseact, mar a leanas:

- Stèidheachadh dreuchd Oifigear Coimhearsnachd Gàidhlig (0.4fte): £120,000
- Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach: £37,500

Gheibhear fiosrachadh mu na pròiseactan seo ann am barrachd doimhneachd aig 6.1 is 6.2 den Aithisg seo.

3.1 MOLAIIDHEAN

Thathar a' moladh gun toireadh a' Chomhairle fa-near na tha am broinn na h-Aithisge seo.

IMPLICATIONS

The following implications are applicable in terms of the Report.

4.1	Resource Implications	Implications/None	4.1
	Financial	% to be met from Comhairle budgets	
	Legal	None	
	Staffing	None	
	Assets and Property	None	
	Strategic Implications	Implications/None	
	Risk	None	
	Equalities	None	
	Corporate Strategy	Priority 1.5: Gaelic Language & Culture	
	Environmental Impact	None	
	Consultation	None	

BACKGROUND

- 5.1
- In 2024, Bòrd na Gàidhlig offered six local authorities the opportunity to submit an application each on the basis of three-year funding of 80% of total costs for strategic projects which would assist in the implementation of the National Gaelic Language Plan and their own Gaelic language plans. These authorities were:

 - Comhairle nan Eilean Siar
 - Highland Council
 - Argyll and Bute Council
 - Glasgow City Council
 - City of Edinburgh Council
 - North Lanarkshire Council

BUAIDH

Tha na a-leanas mar bhuidhean.

Buidhean Stòras	Buidh/Neo-ni
Ionmhas	% ris an tèid coinneachadh bho bhuidseatan na Comhairle
Laghail	Neo-ni
Sgiobachd	
So-mhaoin is Tog	
Buidhean Ro-innleachdail	Buidh/Neo-ni
Cunnart	Neo-ni
Co-ionannachd	Neo-ni
Ro-innleachd Chorporra	Prìomhachas 1.5: Gàidhlig agus Cultar
Buidh air an Àrainneachd	Neo-ni
Co-chomhairleachadh	Neo-ni

FIOSRACHADH

- 5.1
- Ann an 2024, thabhainn Bòrd na Gàidhlig an cothrom dha sia ùghdarrasan ionadail iarrtas a chur a-steach thuca stèidhichte air maoineachadh de 80% de chosgaisean gu lèir thairis air trì bliadhna airson pròiseactan a bhiodh a’ cuideachadh ann a bhith a’ buileachadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus nam Planaichean Gàidhlig aca fhèin. ’S iad mar a leanas:

 - Comhairle nan Eilean Siar
 - Comhairle na Gàidhealtachd
 - Comhairle Earra-ghàidheal is Bhòid
 - Comhairle Baile Ghlaschu
 - Comhairle Baile Dhùn Èideann
 - Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath

5.2 This more strategic approach replaced Bòrd na Gàidhlig's previous annual Gaelic Language Act Implementation Funding (GLAIF) model for these local authorities, which had been in place since 2007.

THE PROJECTS

6.1 The Comhairle's new **Gaelic Community Officer** post, which has been established with the support of Strategic Stream Funding, includes the following main duties in the job description:

- Enhance the Comhairle's presence in community settings and work with partner and community organisations in the promotion of Gaelic in the economy and in cultural contexts across the communities of the Western Isles
- Promote and develop the use of Gaelic within the Comhairle and across all services by assisting in the implementation of the Comhairle's Gaelic Language Plan and Gaelic First Policy
- Ensure that Gaelic communication and usage within the Comhairle increases across all services and with partner and community agencies
- Liaise with statutory bodies, such as Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig, in order to facilitate the implementation of the Comhairle's Gaelic Language Plan and Gaelic First Policy
- Act as the Comhairle's representative in partnership working with Gaelic community organisations in order to ensure that the Comhairle's interests are best served
- Regularly monitor and review progress of Gaelic Plan and Gaelic First Policy targets and report findings to Comataidh na Gàidhlig

5.2 Ghabh an dòigh-obrach nas ro-innleachdail seo àite a' mhodail bhliadhnail aig Bòrd na Gàidhlig a bha ann roimhe bho 2007 airson Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) airson nan ùghdarrasan ionadail seo.

NA PRÒISEACTAN

6.1 Tha an dreuchd ùr mar **Oifigear Coimhearsnachd Gàidhlig**, a chaidh a stèidheachadh le taic Maoineachadh Sruth Ro-innleachdail, a' gabhail a-steach nam prìomh dleastanasan a leanas san tuairisgeul obrach:

- Cuir ri làthaireachd Gàidhlig na Comhairle ann an suidheachaidhean coimhearsnachd agus obair le buidhnean com-pàirteachaidh agus coimhearsnachd gus Gàidhlig a dh'adhartachadh san eaconomaidh agus ann an co-theacsan cultarach ann an coimhearsnachdan nan Eilean
- Adhartaich is leasaich cleachdadh na Gàidhlig sa Chomhairle agus ann an gach seirbheis tro bhith a' cuideachadh ann a bhith a' buileachadh Plana Càin na Gàidhlig agus Poileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan na Comhairle
- Dèan cinnteach gun tèid conaltradh agus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh thairis air seirbheisean gu lèir na Comhairle agus le buidhnean com-pàirteachaidh is coimhearsnachd
- Obraich gu dlùth ri buidhnean reachdail, mar Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, gus cuideachadh le buileachadh Plana Càin agus Poileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan na Comhairle
- A bhith mar riochdaire na Comhairle ann an obair com-pàirteachais le buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur air adhart beachdan na Comhairle san dòigh as fheàrr
- Dèan sgrùdadh gu cunbhalach air adhartas thargaidean sa Phlana Càin agus Poileasaidh mar Chiad Chànan, agus aithisgean air seo a dheasachadh dha Comataidh na Gàidhlig
- Cuidich ann a bhith a' sgrìobhadh aithisgean, chlàran-gnothaich,

- Assist in the preparation of reports, agendas, briefing notes and minutes for Comataidh na Gàidhlig
- Assist in the preparation of funding bids for Gaelic projects and initiatives

6.2 The Comhairle's **Gaelic student Placement Scheme** has been running since 2015 with Bòrd na Gàidhlig support, with between 10-12 Gaelic speaking students typically being placed for ten weeks every summer with organisations across the Western Isles who use Gaelic in the workplace. The Scheme has been very successful in developing the Gaelic skills of students and giving them valuable experience of a professional work environment. From the point of view of the organisations, the Scheme can give them the opportunity to hire students to work on specific projects, which would not have been possible to do without the assistance of these students. How the Scheme works:

- Students are placed with employing organisations in the Western Isles who use Gaelic in the workplace every day.
- Students must be in higher education, (i.e. in university or college).
- Students must have at least some degree of Gaelic speaking, reading and writing skills.
- Employing organisations *must* provide meaningful, immersive opportunities for students to use and develop their Gaelic language skills for the duration of the placement.
- The placement lasts ten weeks, and can begin at any time, but should conclude by the end of August.
- Employing organisations must pay the Real Living Wage to the students (currently £12.60 per hour) for the ten weeks of employment.
- Students should work at least 30 hours per week on their placements.
- At the conclusion of the ten weeks, the Comhairle will pay 50% of the final, total costs of hiring the students to the employing organisations.

notaichean brath-ullachaidh agus gheàrr-chunntasan dha Comataidh na Gàidhlig

- Cuidich ann a bhith a' deasachadh iarrtasan airson maoineachadh dha pròiseactan no iomairtean Gàidhlig

6.2 Tha **Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach** air a bhith a' ruith bho 2015 le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, le mar as trice eadar 10-12 oileanaich le Gàidhlig a' faighinn cothrom obrach airson deich seachdainean gach samhradh le buidhnean air fad nan Eilean Siar a bhios a' cleachdadh Gàidhlig san àite-obrach. Tha an Sgeama air a bhith air leth soirbheachail ann a bhith a' toirt cothrom dha oileanaich an sgilean Gàidhlig a leasachadh, agus eòlas a thoirt dhaibh air a bhith ag obair ann an àite-obrach proifeiseanta. Bho thaobh nam buidhnean, tha an Sgeama a' toirt cothrom dhaibh oileanaich fhadstadh gus obair air pròiseactan sònraichte a dhèanamh, obair 's dòcha nach tachradh gun taic nan oileanach. Mar a bhios an Sgeama ag obair:

- Bidh oileanaich ag obair aig buidhnean sna h-Eileanan Siar a bhios a' cleachdadh Gàidhlig san àite-obrach a h-uile latha.
- Feumaich oileanaich a bhith ann am foghlam aig ìre adhartach, (ann an oilthigh no colaiste).
- Feumaidh comas labhairt, leughadh agus sgrìobhadh Gàidhlig gu ìre air choreigin a bhith aig oileanaich.
- *Feumaidh* na buidhnean-fastaidh cothroman bogaidh dhà-rìribh a thoirt seachad do oileanaich gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh fad na greis-gnìomhachais.
- Bidh na h-oileanaich ag obair airson deich seachdainean, agus faodar a' ghreis gnìomhachais a thòiseachadh aig àm sam bith, ach bu chòir dhi a bhith deiseil ro dheireadh Lùnastal.
- Feumaidh na buidhnean-fastaidh an Tuarastal Bith-beò a phàigheadh do na h-oileanaich (£12.60 gach uair an-dràsta) airson nan deich seachdainean.
- Bu chòir dha na h-oileanaich a bhith ag obair airson, co-dhiù, 30 uairean a thide gach seachdain na greis gnìomhachais.

6.3 The Strategic Stream funding is being paid in seven instalments over the three-year period, subject to regular reporting by Sgioba na Gàidhlig on the progress of the projects.

- Aig deireadh nan deich seachdainean, pàighidh a' Chomhairle 50% de chosgaisean gu lèir nan oileanach do na buidhnean-fastaidh.

6.3 Thathar a' pàigheadh maoin eachaidh Sruth Ro-innleachdail ann an seachd cuibhreannan thairis air an trì bliadhna, a rèir aithisgean cunbhalach le Sgioba na Gàidhlig air an adhartas a thathar a' dèanamh sna pròiseactan.

